



ceumannan ⁵

ceumannan 5

Aonad 3.3
Saoghal a' Chiùil
Earrannan Èisteachd

Aonad 3.3 Saoghal a' Chiùil

Earrann 1

an cois Eacarsaich 5a.

'S e MÀNRRAN an còmhlan as fheàrr leam

Dè an ceòl as toigh leat, Ealasaid?

Is toigh leam ceòl de gach seòrsa — roc, dannsa, ceòl clasaigeach, teicneò agus ceòl traidiseanta.

Cuin agus càit am bi thu ag èisteachd ri ceòl?

Bidh mi an-còmhnaidh ag èisteachd ri ceòl. Mar as trice bidh mi ag èisteachd ri ceòl air an fhòn-làimh agam aig an taigh, air bus dhan sgoil, nuair a bhios mi ag eacarsaich no a' dèanamh obair dachaigh. Chan eil mi uair sam bith às aonais ceòl.

Cò às a tha thu a' faighinn a' chiùil agad?

Mar as trice bidh mi a' cleachdadh seirbheisean sruthaidh air-loidhne ach uaireannan bidh mi a' ceannach ceòl bho iTunes.

Dè an còmhlan no an seinneadair as fheàrr leat?

'S e MÀNRRAN an còmhlan as fheàrr leam an-dràsta.

Dè an t-òran as fheàrr leat le MÀNRRAN?

'S toigh leam tòrr dhiubh. Tha *Là Math* uabhasach fhèin math agus is toigh leam cuideachd an t-òran *Trod*. Ach chanainn gur e *Òran na Cloiche* am fear as fheàrr leam buileach an-dràsta. Tha am fonn sgoinneil agus 's toigh leam an sgeulachd air a chùlaibh.

Dè an sgeulachd a tha sin?

Tha an sgeulachd mun Lia Fàil agus mar a bha i air a goid bho chathair an rìgh ann an Lunnainn agus air a toirt air ais a dh'Alba. Is toigh leam gu bheil an sgeulachd fìor. Tha mi a' smaoinneachadh gu bheil i iongantach oir 's e oileanaich òga a ghoid a' Chlach!

Abair sgeulachd gu dearbha! Agus, am faca tu MÀNRRAN beò a-riamh?

Chunnaic. Chaidh mi fhìn agus mo charaidean gu Fèis nan Innse Gall am-bliadhna ann an Steòrnabhagh. Bha consairtean a' dol fad na deireadh-sheachdain. Chunnaic sinn MÀNRRAN, Tidelines, Skipinnish, Peat & Deisel agus tòrr eile.

Nuair a chluich MÀNRRAN oidhche Shathairne, bha sinne cho faisg air an àrd-ùrlar. Bha a h-uile duine a' bocadaich agus a' seinn còmhla ri chèile agus bha an còmhlan sgoinneil beò.

Dè tha cho math mu dheidhinn ceòl beò?

Chan eil càil nas fheàrr na ceòl beò! Tha e sgoinneil a bhith mar phàirt de shluagh mòr aig consairt beò agus a' faicinn nan rionnagan mòra air an àrd-ùrlar. Tha a h-uile duine cho toilichte agus tha e a' toirt togail dhut nach fhaigh thu idir bho èisteachd ri ceòl aig an taigh.

Dè bu mhotha a chòrd riut mun fhèis?

'S e an ceòl 's an crac an rud a bu mhotha a chòrd rium mu deidhinn. Bha mi air falbh còmhla ri mo charaidean fad deireadh-sheachdain ag èisteachd ri ceòl sgoinneil latha 's a dh'oidhch'. Bha baile Steòrnabhaigh a' cur thairis le daoine. Choinnich sinn tòrr dhaoine laghach agus bha tòrr spòrs againn.

Tha mi a' gabhail ris gum bi thu ag iarraidh a dhol ann a-rithist!

Bithidh, gu dearbha! Tha fadachd mhòr orm a-nis a dhol gu fèis chiùil eile! Chan eil càil coltach ris idir. Bha e dìreach sgoinneil uile-gu-lèir.



Earrann 2 an cois Eacarsaich 5d*Òran na Cloiche*

Faclan an òrain ri fhaighinn anns an aonad air td. 17–18

Earrann 3 an cois Eacarsaich 7a*Bhithinn a' dol dhan fhèis a h-uile samhradh***Madainn mhath, a Ghreum. Ciamar a tha thu?**

Tha mi gu math, tapadh leibh, a Mhàiri. Sibh fhèin?

Gu dòigheil, taing. Nise, a Ghreum, tha mi ag iarraidh rud beag fhaighinn a-mach mu do dheidhinn fhèin. Inns dhomh, an robh thu a' gabhail pàirt ann am fèisean nuair a bha thu na b' òige?

Bha! Thòisich mi ag ionnsachadh na fìdhle aig fèis Arainn an toiseach. Bha mi mu dheich bliadhna a dh'aois, tha mi a' smaoineachadh. Bhithinn a' dol dhan fhèis a h-uile samhradh.

An robh e furasta dhut an fhidheall ionnsachadh?

Cha robh. Bha e gu math doirbh aig an toiseach oir cha robh mi a' faighinn ach leasan as t-samhradh aig an fhèis. Ach bha ùidh mhòr agam ann agus bhithinn a' coimhead leasan-bhidio air-loidhne uaireannan. An dèidh bliadhna no dhà chuir comataidh na fèis clasaichean air dòigh tron bhliadhna anns an sgìre. Thug sin misneachd dhomh agus dh'fhàs mi na b' fheàrr an dèidh sin.

Agus an robh thu ag ionnsachadh rudan eile aig an fhèis?

Bha. Bhiomaid ag ionnsachadh beagan Gàidhlig agus chòrd sin rium gu mòr. Cha robh cothrom agam Gàidhlig ionnsachadh anns an sgoil. Dh'ionnsaich mi beagan giotàr agus fideag cuideachd ach b' fheàrr leam an fhidheall.

Am moladh tu fhèin do dh'òigridh a dhol gu fèis?

Mholadh gun teagamh. Tha fèisean sgoinneil! Ionnsaichidh tu tòrr agus nì thu caraidean ùra cuideachd.

Càit am faigh daoine tuilleadh fiosrachaidh mu fhèisean?

Thoir sùil air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal — am buidheann a tha os cionn nam fèis. Tha iadsan a' cur air dòigh fhèisean air feadh na h-Alba. Mar sin, bu chòir cothrom a bhith aig a h-uile neach a dhol gu fèis.

Tha thu fhèin a-nis nad oide aig fèisean, nach eil?

Tha sin ceart. Tha mi nam oileanach ciùil aig Acadamh-chiùil Rìoghail na h-Alba ann an Glaschu. A h-uile samhradh bidh mi a' teagasg na fìdhle agus beagan Gàidhlig aig fèisean timcheall na dùthcha.

Ciamar a tha sin a' còrdadh riut?

Tha e a' còrdadh rium gu mòr. 'S ann aig na fèisean a fhuair mise blasad air ceòl agus air Gàidhlig an toiseach. Tha mi gu math taingeil airson sin.

Dè tha thu 'n dùil a dhèanamh nuair a dh'fhàgas tu a' cholaiste?

An-ath-bhliadhna, tha mi 'n dùil a dhol gu Sabhal Mòr Ostaig airson bliadhna, a' dèanamh Gàidhlig. An dèidh sin, chòrdadh e rium gu mòr a bhith nam oide-ciùil ann am bun-sgoiltean Gàidhlig. Tha tòrr sgoiltean agus aonadan Gàidhlig ann a-nis agus 's cinnteach gum bi feum air oidean-ciùil le Gàidhlig!

Tha mi cinnteach! Uill, mòran taing airson bruidhinn rium an-diugh, a Ghreum.

'S e ur beatha, a Mhàiri. Chòrd e rium bruidhinn ribh.